



## Buaidh ar-a-mach '45 air siostam nan cinnidhean Gàidhealach

Thàinig an **riaghaltas** Hanobharach a-nuas gu trom air na Gàidheil an dèidh mar a dh'fhàillig **Ar-a-mach nan Seumasach** ann an 1745.

**B' ann an uair sin a thòisich** dòigh-beatha **nan cinnidhean a' tighinn gu crìoch.**

Chaidh cumhachd nan **cinnidhean** a bhriseadh. Chaidh an **dearbh-aithne** a thoirt air falbh gu ìre nuair a chaidh casg a chur air **breacan**, air **buill-airm** agus air a' **phìob-mhòir**. Thàinig na **Fuadaichean** an uair sin agus chuir sin crìoch air **siostam nan cinnidhean** leis gun do dh'fhalbh na mìltean de Ghàidheil gu tìrean fad às a shireadh beatha nas fheàrr dhaibh fhèin.

